# Peasan agus na cleasan




Mal Jones • Steve Smallman



’S e uan beag a bh’ ann am Peasan.

Bha e a’ fuireach còmhla ri cat, each,

trì tunnagan agus sia cearcan.

Bha Peasan làn spòrs.

Aon là bha e a’ falach air a’ chat.

“Càite idir a bheil Peasan?” thuirt an cat.



Chaidh an cat a-steach dhan stàball.



Chaidh Peasan a-steach
dhan stàball cuideachd.



Bha each mòr ruadh an sin.
"Am faca tu Peasan?"
thuirt an cat.



“Chan fhaca mi idir e,”
thuirt an t-each.
“Chan eil e an seo.”



Chaidh an cat a-steach
dhan t-seada.
Chaidh an t-each a-steach
dhan t-seada.



Ach chaidh Peasan a-steach dhan t-seada cuideachd.



Bha còig cearcan
a' gogadaich an sin.
"Am faca sibh Peasan?"
thuirt an cat.



"Chan *fhaca* sinn idir e,"
thuirt na cearcan.
"Chan eil e an seo."



"Chan fhaca mise Peasan,"
thuirt an cat.
"Chan fhaca mise Peasan,"
thuirt an t-each.



“Chan fhaca no sinne,”
thuirt na cearcan.


Baa!